

Pàipear co-chomhairleachaidh: Molaidhean gus Atharraichean a Dhèanamh air Reachdas Co-cheangailte ri bhith a' Cumail ri Creideamh agus Foghlam Creideimh ann an Sgoiltean gus Cuideachadh le bhith a' Cumail ri Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste.

Bun-fhiosrachadh

1. Sa cho-chomhairleachadh seo thathar a' sireadh bheachdan air atharraichean a thathar a' moladh air earrainn 9 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 ("Achd 1980"). Leis na h-atharraichean a thathar a' moladh, bithear a' cuideachadh le bhith a' cumail ri Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste le bhith a' stèidheachadh riatanas gun gabhar ealla ri beachdan cloinne is dhaoine òga a thaobh a bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhan gus cumail creideimh ("CC") agus ann an ionnsachadh mu eòlas creideimh agus moraltachd ("ECM") mar phàirt dhen churraicealam, foghlam ris an canar cuideachd eòlas creideimh (EC) ann an sgoiltean meur-creideimh, nuair a bhios iad a' dol gu sgoil phoblach no sgoil a gheibh tabhartas-taice.

2. Tha CC, ris an canar cuideachd uaireannan 'adhradh còmhla' no 'àm cnuasachd', na mheadhan cudromach gus adhartachadh spioradail a bhrosnachadh am measg sgoilearan, agus na mheadhan air luachan coitcheann coimhearsnachd na sgoile a chur an cèill agus a chomharrachadh. Math dh'fhaodte gum bi e air fhighe a-steach do latha na sgoile, no gum bithear ga dhèanamh mar phàirt de chruinneachadh sònraichte, agus uaireannan bidh pàrantan, luchd-cùraim agus riochdairean coimhearsnachd bho bhuidhnean creideimh agus buidhnean eile a' gabhail pàirt, a thuilleadh air na sgoilearan agus luchd-obrach na sgoile.

3. Gheibhear iomadh creideamh is iomadh cultar ann an comann-sòisealta na h-Alba, dùthaich far am faod daoine le gach seòrsa creideimh, agus daoine aig nach eil creideamh, a bhith a' fuireach agus a' soirbheachadh. Mar sin, mar a thathar ag ràdh san stiùireadh a th' aig Riaghaltas na h-Alba an-dràsta, le CC feumar a bhith mothachail air feumalachdan spioradail gach neach fa leth agus air na tha iad a' creidsinn, co-dhiù a tha na tha iad a' creidsinn stèidhichte air creideamh no nach eil, agus aig an aon àm feumar a bhith mothachail air dualchas is freumhan creideimh na h-Alba a tha a' sìneadh air ais thar ùine fhada, agus Crìosdaidheachd mar phàirt dheth sin, agus feumar an dualchas sin a thoirt fa-near.

Reachdas co-cheangailte ri bhith a' cumail ri creideamh

4. Ann an earrainnean 8 is 9 de dh'Achd 1980, tha iomradh air "a' cumail ri creideamh" (sin, gnìomhan adhradh a nì daoine còmhla no a nì neach fa leth) agus "a' toirt foghlam air creideamh seachad" (canar eòlas creideimh is moraltachd ri sin san latha an-diugh). Ann an earrainn 9, thathar a' stèidheachadh na còrach do phàrantan far am faod iad iarraidh air sgoil cur air dòigh nach gabh am pàiste aca (aig aois sam bith) pàirt ann an CC agus ECM mar chuspair, gun a bhith a' gabhail ealla ri beachdan a' phàiste fhèin. Faodaidh iad feum a dhèanamh dhen chòir seo ann an sgoiltean meur-creideimh. San [stiùireadh as ùire air CC](#) (air ùrachadh ann an 2017) aig Riaghaltas na h-Alba, thathar ag ràdh gum bu chòir do sgoiltean dèanamh

cinnteach gun tèid ealla a ghabhail ri beachdan luchd-ionnsachaidh an lùib chòmhradhean mun ùine is mun ionnsachadh aca san sgoil. Ge-tà, chan e stiùireadh reachdail a th' ann agus chan eilear a' toirt feart dha sin san reachdas a th' ann an-dràsta.

Cùmhnant an UN airson Chòraichean Pàiste

5. Tha Alba, mar phàirt dhen RA, air ar n-ainm a chur ri [Cùmhnant an UN airson Chòraichean Pàiste](#) ("UNCRC"), a chaidh fhisge a-steach do Lagh na h-Alba o chionn ghoirid tro Achd Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste (Co-cheangal) (Alba) 2024. Leis an reachdas a th' ann an-dràsta a thaobh CC is ECM tha ceistean ann a thaobh nan dleastanasan a th' air Riaghaltas na h-Alba fon UNCRC – gu h-àraidh alt 12 dhen UNCRC, a tha a' stèidheachadh na còrach do chloinn far am bu chòir ealla a ghabhail ri am beachdan air cùisean a bheir buaidh orra, agus sùim fhreagarrach ga cur sna beachdan sin a rèir aois is inbheachd a' phàiste. Dh'fhaodadh cuideachd gu bheil ceistean a thaobh alt 14, sa bheil fios air saorsa a thaobh smuaintean, cogais agus creideamh.

Sealladh farsaing air a' Cho-chomhairleachadh

Carson a tha an riaghaltas airson atharraichean a dhèanamh air an reachdas?

6. Ri linn nan ceistean a th' ann a thaobh an reachdais a th' ann an-dràsta airson CC is ECM agus na dleastanasan air Riaghaltas na h-Alba co-cheangailte ris an UNCRC, tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gun tèid an reachdas atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi soilleireachd ann agus nach bi teagamhan ann a thaobh a bhith a' cumail ris an UNCRC, agus sin a dhèanamh cho luath 's a ghabhas.

Na h-atharraichean a thathar a' moladh

7. Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gun tèid earrainn 9 de dh'Achd 1980 atharrachadh gus riatanas a stèidheachadh gum feumar ealla a ghabhail ri beachdan sgoilearan nuair a bhios pàrantan a' dèanamh feum dhen chòir aca agus iarraidh air sgoil cur air dòigh nach gabh am pàist aca pàirt ann an CC/ECM, agus leis an atharrachadh sin bhiodh an reachdas a' dol a rèir an stiùiridh a th' ann air CC.
8. Mura tèid na h-atharraichean a thathar a' moladh a chur an sàs, chan eil gnìomhan eile ann a choileanas an ceann-uidhe a chuir Riaghaltas na h-Alba an cèill gu h-àrd, mar sin tha an co-chomhairleachadh seo:
 - a' cur an cèill nan atharraichean reachdail a thathar a' moladh; agus
 - a' sireadh bheachdan air deagh agus/no droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aig na h-atharraichean seo agus fiosrachadh air ciamar a tha a' chòir a th' ann an-dràsta gus iarraidh nach gabh pàiste pàirt ag obrachadh, oir dh'fhaodadh sin cuideachadh le bhith a' cur nan atharraichean an sàs.

Seach gum biodh an reachdas a thathar a' moladh a thaobh CC/ECM a' toirt inbhe laghail do phrìomh phrionnsapal a gheibhear ann an stiùireadh a th' ann mu thràth, chan eil sinn an dùil gun toir na h-atharraichean seo cus buaidhe air cùisean aig ìre phractaigeach. Ge-tà, cuidichidh na freagairtean dhan cho-chomhairleachadh seo sinn le bhith a' beachdachadh air mar a thèid an reachdas a chur an sàs agus air taic sam bith a dh'fhaodadh a bhith a dhìth. Tha sinn gu h-àraidh airson fiosrachadh nas fheàrr fhaighinn air mar a bhios sgoiltean a' cur an stiùiridh a th' ann an-dràsta an gnìomh.

Ceistean a' cho-chomhairleachaidh

9. Ann an ceisteachan a' cho-chomhairleachaidh an cois seo, tha 6 ceistean far a bheilear a' sireadh bheachdan luchd-comhairleachaidh air na h-atharraichean a thathar a' moladh.

Ceistean a' Cho-chomhairleachaidh

1. Dè ur beachd air na h-atharraichean a thathar a' moladh, a' gabhail a-steach ur beachdan air cho practaigeach a bhios iad do sgoiltean agus dè cho furasta a bhios e an cur an sàs?
2. Dè na prìomh dhòighean san toir na h-atharraichean seo deagh no droch bhuidh air cùisean, leithid air sgoiltean, sgoilearan, pàrantan agus buaidh ionmhasail sam bith a bhios ann? Ciamar a ghabhadh dèiligeadh ri droch bhuidh sam bith?
3. Dè am fiosrachadh no eòlas a th' agaibh a thaobh mar a tha a' chòir a th' ann an-dràsta, gus iarraidh nach gabh pàiste pàirt ann an gnìomhan gus cumail ri creideimh agus ECM/EC, ag obrachadh ann an sgoiltean, leithid mar a bhios sgoiltean a' dèanamh conaltradh ri pàrantan, an cothrom a gheibh sgoilearan gus beachdan a thoirt seachad agus mar a tha iarrtasan gus cur air dòigh nach gabh pàiste pàirt ag obair gu practaigeach?
4. A bheil sibh dhen bheachd gu bheil na h-atharraichean a thathar a' moladh gu bhith nam meadhan reusanta aig an àm seo gus dèiligeadh ris na ceistean a th' ann a thaobh a bhith a' cumail ris an UNCRC?
5. Dè na dòighean no modhan-obrach as fheàrr nur beachd-se gus dèanamh cinnteach gun cuir sgoiltean agus pàrantan sùim fhreagarrach ann am beachdan sgoilearan nuair a thathar a' beachdachadh air cur air dòigh nach gabh sgoilear pàirt ann an gnìomhan gus cumail ri creideamh no ann an ECM/EC?
6. Mar phàirt de ar n-obair gus atharraichean a dhèanamh air an reachdas, nì sinn Measadh-buidhe air Còraichean is Math Cloinne, agus Measadh-buidhe air Co-ionannachd. Gus cuideachadh leis an obair sin, chuireamaid fàilte air ur beachdan air a' bhuidh a bhios aig ar molaidhean air còraichean is math cloinne, agus air fios mu fhianais/rannsachadh sam bith air a bheil sibh eòlach.

Dè thachras às dèidh ceann-latha crìochnachaidh a' cho-chomhairleachaidh

10. Nuair a bhios ceann-latha crìochnachaidh a' cho-chomhairleachaidh seo seachad, nì Riaghaltas na h-Alba mion-sgrùdadh air na freagairtean agus ullaichidh sinn aithisg sgrùdaidh a thèid fhoillseachadh air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba. Beachdaichidh an riaghaltas air na diofar bheachdan a fhuaras sa cho-chomhairleachadh fhad 's a bhios sinn ag ullachadh dreachd dhen reachdas a thèid an uair sin a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba an ceann ùine.

A' toirt bheachdan seachad sa Cho-chomhairleachadh seo

Tha sinn a' sireadh bheachdan airson a' cho-chomhairleachaidh seo ro no air 26 Faoilleach 2025.

Am biodh sibh cho math pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh seo le bhith a' cleachdadh goireas co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space: [Co-chomhairleachaidhean Riaghaltas na h-Alba - Citizen Space](https://consult.gov.scot/education-reform/religious-observance-education-legislation-schools). Faodaidh sibh an co-chomhairleachadh seo fhaicinn agus pàirt a ghabhail ann aig <https://consult.gov.scot/education-reform/religious-observance-education-legislation-schools>. Faodaidh sibh na freagairtean agaibh a shàbhaladh agus tilleadh thuca fhad 's a tha an co-chomhairleachadh fosgailte. Feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil sibh air na freagairtean agaibh a chur a-steach mus crìochnaich an co-chomhairleachadh air 26 Faoilleach 2025.

Mura h-urrainn dhuibh freagairtean a chur a-steach tron ghoireas cho-chomhairleachaidh air-loidhne againn, faodaidh sibh Foirm Fiosrachaidh an Neach-fhreagairt a lìonadh a-steach agus a thilleadh gu:

Roinn a' Churraicealaim is Theisteanasan
Buidheann-stiùiridh Ath-leasachadh Foghlaim
Riaghaltas na h-Alba
2B a Tuath
Cidhe Bhictòria
Dùn Èideann, EH6 6QQ

Na nì sinn leis na freagairtean agaibh

Ma fhreagras sibh tron ghoireas cho-chomhairleachaidh, thèid ur stiùireadh chun na duilleige, Mur Deidhinn Fhèin, mus cuir sibh na freagairtean agaibh a-steach. Feuch gun innis sibh dhuinn ciamar a b' fheàrr leibh a làimhsicheamaid na freagairtean agaibh, agus gu sònraichte, a bheil sibh toilichte leigeil leinn na freagairtean agaibh fhoillseachadh. Ma dh'iarraas sibh oirnn gun am foillseachadh, bidh sinn a' sealltainn orra mar fhiosrachadh dìomhair, agus thèid an làimhseachadh mar sin.

Bu chòir dhan a h-uile neach-freagairt cuimhneachadh gum feum Riaghaltas na h-Alba cumail ri cumhachan Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin dh'fheumamaid beachdachadh air iarrtas sam bith a gheibheamaid fon Achd airson fiosrachadh co-cheangailte ri freagairtean sa cho-chomhairleachadh seo.

Mura h-urrainn dhuibh freagairtean a chur a-steach tro Citizen Space, am biodh sibh cho math Foirm Fiosrachaidh an Neach-fhreagairt, a gheibhear san sgrìobhainn seo, a lìonadh a-steach is a thilleadh thugainn.

Airson fiosrachadh air mar a làimhsicheas sinn ur dàta pearsanta, coimheadaibh air ar poileasaidh airson prìobhaideachd:

[Riaghaltas na h-Alba – Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd](#)

An ath cheum sa phròiseas

Nuair a tha luchd-freagairt air cead a thoirt seachad na freagairtean aca fhoillseachadh gu poblach, agus às dèidh dhuinn dèanamh cinnteach nach eil susbaint annta a dh'fhaodadh a bhith tuailleasach, thèid na freagairtean sin fhoillseachadh gu poblach air [Co-chomhairleachaidhean Riaghaltas na h-Alba - Citizen Space](#). Ma chleachdas sibh an goireas co-chomhairleachaidh gus freagairtean a thoirt seachad, gheibh sibh lethbhreac dhiubh ann am post-d.

Às dèidh a' chinn-latha airson fhreagairtean, thèid sgrùdadh is beachdachadh a dhèanamh orra agus air fianais sam bith eile a bhios feumail dhuinn. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an d' fhuair sinn cead sin a dhèanamh. Thèid aithisg sgrùdaidh fhoillseachadh cuideachd.

Beachdan is gearanan

Ma tha beachdan agaibh air mar a chaidh an co-chomhairleachadh seo a chumail, faodaidh sibh an cur chun an t-seòlaidh gu h-àrd no gu ROandRME@gov.scot.

Modhan co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha cothroman co-chomhairleachaidh nam pàirt riatanach dhen phròiseas gus poileasaidhean a dhealbh. Tha iad a' toirt cothrom dhuinn ealla a ghabhail ri ur beachdan is eòlas air raon obrach air a bheilear a' coimhead.

Gheibh sibh a h-uile co-chomhairleachadh againn air-loidhne aig: [Co-chomhairleachaidhean Riaghaltas na h-Alba - Citizen Space](#). Bidh gach co-chomhairleachadh a' mìneachadh nan cùisean air a bheilear a' beachdachadh, agus na dòighean san urrainn dhuibh ur beachdan a thoirt dhuinn, eadar goireasan air-loidhne, post-d no sa phost.

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air freagairtean agus gabhar ealla riutha nuair a thathar a' dealbh poileasaidhean, agus ri farsaingeachd de dh'fhiosrachadh is fianais eile a tha ri fhaotainn. Foillsichidh sinn aithisg air an sgrùdadh a nithear airson gach co-chomhairleachadh. A rèir dè seòrsa co-chomhairleachaidh a bhios ann, dh'fhaodadh gun tèid na freagairtean a chleachdadh airson na leanas:

- airson sealltainn gu bheil feum air leasachadh a thoirt air no ath-sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidhean
- gus stiùireadh a thoirt do mar a thèid poileasaidh sònraichte a dhealbh
- gus cuideachadh gus roghnachadh eadar diofar mholaidhean a thaobh poileasaidhean
- gus cuideachadh le bhith ag aontachadh na dreachd mu dheireadh de reachdas mus tèid a chur an gnìomh

Ged a dh'fhaodadh na suidheachaidhean sònraichte a thèid a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh a bhith feumail ann a bhith a' dealbh phoileasaidhean, chan urrainnear dèiligeadh ri beachdan is draghan pearsanta ann an co-chomhairleachadh, agus bu chòir fios mu dheidhinn leithid a bheachdan a chur gu buidheann phoblach bhuntainneach.